

# **Ro-innleachd Chultarach airson Alba – DREACHD Gheàrr-chunntas airson Co-chomhairle**

**July 2018**

# **Ro-innleachd Chultarach airson Alba – DREACHD Gheàrr-chunntas airson Co-chomhairle**

## **CLÀR-INNSE**

### **1. Ro-innleachd Chultarach airson Alba – A' meòrachadh air an t-àm a dh'fhalbh, a' togail air na th' againn an-dràsta, a' cruthachadh an t-àm ri teachd**

1.1 Ro-ràdh ris a' cho-chomhairleachaidh

1.2 Ro-ràdh ris an dreachd ro-innleachd chultarach

### **2. Lèirsinn airson cultar ann an Alba**

### **3. Miannan-adhartais, amasan agus gnìomhan**

3.1 Geàrr-chunntas den dreachd ro-innleachd

### **4. A' sgrùdadh buaidh na ro-innleachd**

### **5. Na h-ath cheumnan**

Mar a chuireas sibh ur beachdan thugainn

Foirm Freagairt

# **1. Ro-innleachd Chultarach airson Alba – A' meòrachadh air an t-àm a dh'fhalbh, a' togail air na th' againn an-dràsta, a' cruthachadh an t-àm ri teachd**

## **1.1 Ro-ràdh dhan cho-chomhairleachadh**

Tha sinn airson ur beachdan a chluinntinn air na thathar a' moladh san dreachd ro-innleachd seo, leis gum bi an ro-innleachd deireannach a' toirt a-steach na beachdan a gheibh sinn. Tha ceistean air an cuir a-mach tron sgrìobhainn agus faodaidh sibh freagairt a chuir thugainn mu dheidhinn àireamh sam bith dhiubh. Tha sinn airson gun innis sibh dhuinn dè tha cudromach dhuibhse gu pearsanta neo mar bhuidheann agus tha sinn cuideachd airson faighneachd dè as urrainn dhuibhse a dhèanamh mar bhuidheann airson an ro-innleachd a libhrigeadh agus airson taic a chuir ri miannan-adhartais agus amasan na ro-innleachd.

Ma tha sibh airson tachartas a chuir air dòigh airson beachdachadh air an dreachd ro-innleachd le ur buill, lionraidhean neo na buidhnean a tha sibh a' riochdachadh, tha beagan de bhuidseat again airson taic a thoirt dhuibh. Cuiribh fios gu [culturestrategy@gov.scot](mailto:culturestrategy@gov.scot) airson barrachd fiosrachaidh mu na slatan-tomhais airson am maoineachadh seo a chleachdadh. Faodaidh sibh cuideachd fiosrachadh an tachartais a chuir a-mach air Twitter a' cleachdadh @culturescotgov agus an taga-hais #culturescot.

**Tha an ro-innleachd an dùil ceum a thoirt gus atharrachadh mar a tha comann-sòisealta agus riaghaltas a' faicinn agus a' cur luach air cultar. Tha i ag amas gus caidreachasan co-obrachail a chruthachadh a libhrigeas na comasan a dh'fhaodadh a bhith aig cultar dhan h-uile duine agus dhan h-uile coimhearsnachd.**

Tha an turas seo air tòiseachadh mu thràth le buil nàiseanta ùr airson cultar san Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta, 's e sin:

**Tha sinn cruthachail agus tha sinn a' sealltainn agus a' mealadh na cultaran eadar-dhealaichte again gu farsaing.**

Tha an leasachadh cudromach seo a' sealltainn gu bheil Ministearan na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba ag aithneachadh na comasan a dh'fhaodadh a bhith aig cultar agus cho cudromach 's a tha e mar phàirt ghnèitheach de shoirbheas na h-Alba agus gum bu chòir raointean poileasaidh eile a bhith mothachail dha.

Bheir beachdan bhon cho-chomhairleachaidh seo buaidh air na gnìomhan a bheir sinn air adhart mar bhunait den Ro-innleachd Chultarail airson Alba a thèid fhoillseachadh nas fhaide air adhart ann an 2018.

## 1.2 Ro-ràdh ris an dreachd ro-innleachd chultarach

### Cùl-fhiosrachaidh

Tha buaidh air a bhith aig beachdan bho iomadh duine air feadh na dùthcha air an dreachd ro-innleachd seo. Nam measg, tha feadhainn a tha an-sàs ann an cultar nan ùine saor, agus cuideachd luchd-ealain, luchd-cruthachaidh agus proifeiseantaich cultarach agus cruthachail a tha a' cosnadh le bhith a' cruthachadh agus a' cumail taic ri cultar ann an Alba. Chaidh beachdan cuideachd fhaighinn bho feadhainn a tha ag obair ann an raointean eile a chi na comasan a dh'fhaodadh a bhith aig cultar ann a bhith a' cumail taic ri atharrachaidhean sòisealta nas fharsainghe.

Tha an dreachd ro-innleachd agus co-chomhairle seo a' cumail a' dol an còmhradh cultarach mu dheidhinn cultar a thòisich ann an sàmhradh 2017.

Chaidh coinneamhan poblach mòra, tachartasan, coinneamhan nas lugha agus còmhradhean an cur air dòigh thairis air 9 mìosan ann an leabharlannan, tallachan coimhearsnachd agus baile, sgoiltean, Pàrlamaid, togalaichean eachdraidheil, eaglaisean, taighean-cluiche, gailearaidhean, oifisean, oilthighean agus colaistean, taighean-tasgaidh agus ionadan a bharrachd air air-loidhne. Thàinig seo mar thoradh air an dleastanas aig Riaghaltas na h-Alba ann am [Plana airson Riaghladh: Prògram Riaghlaidh Riaghaltas na h-Alba 2016-17](#) agus [Nàisean a tha Miannach air Adhartas: Prògram an Riaghaltais airson Alba 2017-18](#) gus Ro-innleachd Chultarach airson Alba a leasachadh.

Anns na còmhradhean seo chaidh rannsachadh air na rudan as cudromaiche dha daoine air feadh na dùthcha, na rudan a tha ag obair gu math, far a bheil e comasach atharrachaidhean a dhèanamh, agus na miannan-adhartais, amasan agus gnìomhan a bu chòir a bhith ann airson taic a chuir ri cultar airson a h-uile duine ann an Alba an-dràsta agus san àm ri teachd.

Tha na prìomh chuspairean agus beachdan a chaidh a chuir thugainn aig ìre com-pàirteachaidh a chaidh a chleachdadh mar bhunait air an dreachd ro-innleachd air a chuir a-mach san [Lèirmheas Com-pàirteachaidh](#).

### **Cuspairean bhon ìre com-pàirteachaidh:**

- ❖ A' cur luach air luchd-ealain, cruthachalachd agus innleachd
- ❖ A' leudachadh mar a chithear cultar
- ❖ A' stèidheachadh cultar mar phàirt bhunaiteach den chomann-sòisealta
- ❖ Ag aithneachadh an dreuchd a th' aig cultar ann an raointean eile mar slàinte is soirbheas, foghlam, cumhachd agus cumhachdachadh coimhearsnachd.
- ❖ A' cur air adhart iomadachd agus in-ghabhalachd
- ❖ Ag aithneachadh cho cudromach 's a tha òigridh, foghlam formeil agus neo-fhoirmeil fad-bheatha agus leasachadh sgilean
- ❖ A' neartachadh obair eadar-nàiseanta
- ❖ A' cumail maoinachadh a' dol airson cultar
- ❖ A' cumhachdachadh coimhearsnachdan gus am bi guth nas làidire aca san dòigh a tha cultar air a lìbhrigeadh gu h-ionadail
- ❖ A' cur taic ri ceannas cultarach
- ❖ A' mìneachadh buaidh agus buannachdan chultair
- ❖ A' dèanamh ceanglaichean thairis air riaghaltas agus raointean

## 2. Lèirsinn airson cultar ann an Alba

**Tha cultar ann an Alba ùr-ghnàthach, in-ghabhalta agus fosgailte dhan t-saoghail nas fharsainghe. Thathar a' moladh sàr-mhaitheas cultarach – a bh' ann, a th' ann agus a tha ri thighinn – air sàilleabh gu bheil e bunaiteach do shoirbheas agus slàinte san àm ri teachd. Faodaidh a h-uile duine an cumhachd a th' aig cultar gus rudan atharrachadh fhaireachdainn.**

Tha deagh thuigse ann mun luach a tha stèidhichte air cultar agus cruthalachd. Thathar ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cumail taic ri seasmhachd raon a' chultair. 'S e pàirt cudromach den chomann-sòisealta a th' ann an cultair, a bhith ga àrach agus a' cur taic ri a leasachadh.

**'S e àite a th' ann an Alba far a bheil coimhearsnachdan fa leth fallain a thaobh cultair, agus tha cruthalachd aig cridhe mar a tha sinn a' smaoinichadh mu dheidhinn cothroman ùra a dh'atharraicheas daoine fa leth, coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus ar comann-sòisealta.**

Tha Alba a' cur luach sònraichte air dòighean foirmeil agus stèidhichte gus cultar a chuir an cèill agus gnìomhan a thachras ann an raointean nach eil cho cumanta. Tha cultar na pàirt de bheatha làitheil don h-uile duine. Tha cruthalachd, iongnadh agus dùbhlán a' mìneachadh pàirtean de character na h-Alba, leis an cothrom aig a h-uile duine cruthachadh agus pàirt a ghabhail ann an diofar sheòrsan cultair, ann an iomadh dòigh agus ann an diofar àitean. Tha Alba a' cur taic ri cultair airson gum bi e fallain airson gun urrainn do luchd-còmhnaidh agus luchd-tadhail buannachd fhaighinn bho na rudan a tha cultar a' tabhann. Tha luach ann an luchd-cruthachaidh airson an dreuchd sònraichte a th' aca sa chomann-sòisealta, agus airson na tha iad a' cur ris.

**Tha an dreuchd a thaobh mac-meanmna a th' aig luchd-ealain, luchd-dealbhadh, luchd-cruthachaidh, luchd-buileachaidh agus buidhnean gnothachais, buidhnean cultarail, buidhnean cruthachaidh agus àiteachan an teis-mheadhain cruthachadh comann-sòisealta a tha deamocratach, eadar-mheasgte, fosgailte agus innleachdach.**

**Bu chòir urrainn do dhaoine a bhios a' cruthachadh beòshlainte chothromach a chosnadh bho gnìomhan proifeiseanta ealanta agus cultarach.**

**Tha sàr-mhaitheas cultarach agus slighean a bheir an cothrom do dhaoine sgilean teicnigeach a leasachadh agus soirbheachadh air leth nar dreuchdan cruthachail fosgailte don h-uile duine.**

Tha luach ann an cultar agus cruthalachd air sàilleabh gu bheil iad nan slighean ionnsachadh bhon t-àm a dh'fhalbh airson an t-àm ri teachd a chruthachadh. Tha iad a' cur nar cuimhne an dèileab aig na tha comann-sòisealta a' cruthachadh airson na ginealaich a tha a' thighinn. Tha dualchas, eachdraidh an àrainneachd eachdraidheil air am measadh gu mòr agus tha innleachd, smuaintean ùra agus deasbad nam pàirtean de bheatha catharra agus coimhearsnachd air feadh na dùthcha.

**Chan eil aon sgeulachd a-mhàin ann mu dheidhinn cultar ann an Alba neo bho Alba agus tha gach duine fa-leth agus coimhearsnachd a' cur ri agus a' cruthachadh an cultar aca fhèin, agus aig a' chomann-sòisealta nas fharsainghe.**

### **3. Miannan-adhartais, amasan agus gnìomhan**

Tha an ro-innleachd a' moladh sreath de mhiannan-adhartais, amasan agus gnìomhan airson an lèirsinn a bhuileachadh agus airson na h-atharrachaidhean iomchaidh a dhèanamh a bheir taic do chultar airson buannachd fhaighinn tro na cothroman agus dùbhlain a th' ann an-dràsta agus a tha ri thighinn. Tha dreuchd aig riaghaltas nàiseanta ann a bhith a' cuideachadh le cruthachadh an suidheachadh as fheàrr airson cultar a bhrosnachadh ach airson gun soirbhich leis a h-uile duine ann an Alba tro chultair, tha pàirt aig a h-uile duine ann an Alba le ùidh ann an cultar.

Tha geàrr-chunntas den ro-innleachd a thathar a' moladh – lèirsinn, amasan, gnìomhan a tha air am moladh agus am buil nàiseanta ùr – ri fhaicinn gu h-ìosal.



### 3.1 Ro-innleachd Chultarach airson Alba: Dreachd Gheàrr-chunntas

Tha an ro-innleachd dàna agus àrd-amasach. Tha e stèidhichte air an luach bunaitheach a th' aig cultar agus na comasan aig cultar gus cumhachdachadh agus atharrachadh a dhèanamh. Tha dealas ann gum bi atharrachaidhean ann san ùine fhada tro bharrachd co-obrachadh agus aonachadh thairis air cultar, coimhearsnachdan agus leasachadh poileasaidh.

#### AITHRISÈAN-RÙIN

- ❖ Tha cultar ann an Alba innleachdail, in-ghabhailte agus fosgailte dhan t-saoghal nas fharsainghe.
- ❖ Tha sàr-mhaitheas cultarach – san t-àm a dh'fhalbh, an-dràsta agus a' tighinn am bàrr – air a chomharrachadh mar bhunait airson soirbheas san àm ri teachd.
- ❖ Tha an cothrom aig a h-uile duine an cumhachd a th' aig cultar gus rudan atharrachadh fhaireachdainn.

#### AG ATHARRACHADH TRO CHULTAIR

Ag aithneachadh gu bheil cultar agus cruthalachd bunaitheach ri soirbheas cultarach, sòisealta agus eaconomach na h-Alba

- ❖ Tha sinn airson gum bi cultar na phrìomh chuspair thairis air raointean poileasaidh air fad
- ❖ Tha sinn airson gum fosgail sinn suas na comasan a th' aig cultar mar chothrom atharrachaidh thairis air ar comann-sòisealta
- ❖ Tha sinn airson gum bi cultar mar phrìomh fhàirt de dh'adhartas ann an slàinte is soirbheas, eaconomaidh, foghlam, a' lùghdachadh neo-ionnannachd agus a' buileachadh àm ri teachd a tha nas uaine agus nas innleachdach

#### le bhith

- ❖ A' stèidheachadh dreuchd stiùiridh cultarach ùr taobh a-steach Riaghaltas na h-Alba, le taic bho luchd-smaoineachaidh ùr-ghnàthach bho air feadh nan raointean cultarach agus nas fharsainghe. Bheir an dreuchd seo taic do smaoineachadh cruthachail agus ùr-ghnàthach agus seallaidh e na buannachdan a thig bho dhòigh-obrach nas ceangailte agus nas ioma-chuspaireil thairis air gach raon den Riaghaltas agus na prìomh luchd-ùidhe airson beachdachadh air na cùisean mòra nar comann-sòisealta ann an Alba an-diugh agus san àm ri teachd
- ❖ A' leasachadh com-pàirteachas nàiseanta airson cultar, a dh'obraicheas le com-pàirtichean acadaimigeach airson dòighean-obrach ùra a leasachadh airson sealladh farsaing air cultar a thomhais agus airson mìneachadh nas fheàrr na buannachdan a th' aig cultar dhan chomann-sòisealta
- ❖ A' brosnachadh càirdeas a bheir taic do dh'atharrachaidhean sòisealta tro chultar agus a chuireas air adhart ceannas agus co-obrachadh thairis air raon a' chultair, raointean eile, riaghaltas ionadail agus nàiseanta agus coimhearsnachdan

#### A' CUMHACHDACHADH TRO CHULTAIR

A' fosgladh agus a' leudachadh cultar airson 's gum bi e airson a h-uile coimhearsnachd agus a h-uile duine

- ❖ Tha sinn airson sealladh air chultar a ghabhas a-steach na th' ann agus na tha a' tighinn am follais, stèidhichte agus foirmeil
- ❖ Tha sinn airson cothroman a leasachadh airson gun urrainn do dhaoine pàirt a ghabhail ann an cultar
- ❖ Tha sinn airson gum aithnich sinn an cultar ionadail aig gach coimhearsnachd ann a bhith a' gineadh brìgh soilleir airson na h-àite, dearbh-aithne agus misneachd

#### le bhith

- ❖ A' brosnachadh sealladh air cultar a tha in-ghabhailte agus farsaing, a dh'aithnicheas luach agus cudromachd cultar agus cruthalachd ùr agus làitheil aig ìre an t-sluaigh
- ❖ A' leasachadh dòigh-obrach a bheir taic do chom-pàirteachasan eadar bhuidhnean cultarach agus cruthachail, gnìomhachas agus buidhnean anns na coimhearsnachdan as bochda ann an Alba, a' gabhail a-steach sgoiltean, taighean-cùraim agus buidhnean a tha ag obair gu ruige ceartas sòisealta
- ❖ A' rannsachadh dòighean airson gum bi buaidh nas motha aig beachdan dhaoine ann a bhith a' cruthachadh beatha cultarach nan coimhearsnachdan, a' gabhail a-steach modailean com-pàirteachaidh airson co-dhùnaidhean a ruighinn agus sealbh coimhearsnachd

#### A' CUMAIL SUAS CULTAR

A' brosnachadh agus a' cumail suas cultar airson gun soirbhich leis agus gun tèid e air adhart gu neartmhor ann an Alba air fad, ann an dòigh deimhinneach agus ioma-dhòigheach

- ❖ Tha sinn airson suidheachadh agus sgilean a leasachadh airson gun soirbhich le cultar, airson gum bi ùidh ann, agus tèarainte airson ginealaich an latha an-diugh agus san àm ri teachd
- ❖ Tha sinn airson gum bi luach, earbsa agus taic ann airson daoine cruthachail – airson na rudan sònraichte agus feumail a tha iad a' cur ris a' chomann-sòisealta agus ris an eaconomaidh
- ❖ Tha sinn airson gum broснаich sinn fosgailteachd agus cultaran ioma-dhòigheach airson sealltainn mar a tha Alba air atharrachadh san 21mh linn

#### le bhith

- ❖ A' rannsachadh modailean maoinachaidh ùra airson taic a thoirt dha raon a' chultair agus airson an eaconomaidh cruthachail a leasachadh, a' gabhail a-steach com-pàirteachaidhean ùra agus na comasan a thig bho chumhachdan Riaghaltas na h-Alba mar bhuidheatan, Banca Seilbheachd Nàiseanta na h-Alba, cisean thiomnaichte agus cumhachdan reachdail a ghineas uallach coitcheann a thaobh taic airson cultar san fhad-ùine
- ❖ A' leasachadh phrògraman taic airson leasachadh sgilean, ceannas agus innleachd, a' deisealachadh airson na h-àm ri teachd, a' gabhail a-steach cùisean didseatach
- ❖ A' cur taic ri luchd-obrach cultarach a tha ag obair air an cinn fhèin, agus a' brosnachadh sgilean, tàlant agus sàr-mhaitheas le bhith a' rannsachadh dòighean an inbhe sòisealta agus eaconomach a leasachadh agus dòigh-obrach farsaing san fhad-ùine airson sgilean a leasachadh bho na tràth-bhliadhnaichean air adhart
- ❖ A' cruthachadh barrachd chothroman in-ghabhailte airson gum bi eòlas nas fharsainghe aig an fheadhainn a tha a' cosnadh agus ag obair gu saor-thoileach ann an raon a' chultair
- ❖ A' leasachadh dòigh-obrach nas ro-innleachdail san fhad-ùine airson taic a chuir ri miannan-adhartais eadar-nàiseanta agus com-pàirtichean thairis air raon a' chultair

#### TORADH

Tha sinn cruthachail agus tha ar cultaran de gach seòrsa follaiseach agus tlachdmhor gu farsaing

#### **4. A' sgrùdadh buaidh na ro-innleachd**

Bidh e cudromach gum bi sgrùdadh air mar a thèid le na miannan-adhartais, amasan agus gnìomhan a thèid an cuir a-mach san ro-innleachd. Tha Riaghaltas na h-Alba a' cur an gnìomh Buidheann Tomhais Atharrachaidh, air am bi prìomh luchd-ùidhe bho thairis air na raointean uile, sgoilearan bhon Bhuidheann Acadaimigeach a chaidh a stèidheachadh airson comhairleachadh air leasachadh na ro-innleachd, prìomh oifigearan bho na buidhnean-ùidhe buntainneach (a tha air an riochdachadh air Lìonra Fianais Chultarach na h-Alba) agus luchd-rannsachaidh bho Riaghaltas na h-Alba. Bidh uallach aig a' Bhuidheann Tomhais Atharrachaidh airson dòigh-obrach iomchaidh a leasachadh a thaobh sgrùdadh agus measadh, a' gabhail a-steach na dùbhlain a th' ann a bhith a' feuchainn ri gnìomhan cultarach a mheasadh, a chaidh aithneachadh aig ìrean co-chomhairleachaidh na bu tràithe, mar an duilgheadas le bhith a' ceangal atharrachaidhean sa chomann-sòisealta nas fharsainghe neo builean poileasaidh air ais ri gnìomhan sònraichte a chaidh a dhèanamh san fhad-ùine neo sa mheadhan-ùine. Thathar cuideachd ag iarraidh nach bi dòigh-obrach measaidh ro chuingealaichte ann, aig am biodh buaidh air neo-eisimileachd agus cruthalachd gnìomhachd cultarach sam bith.

Bidh am Buidheann a' rannsachadh iomadh modh agus feumalachd dàta airson measadh, gus co-obrachadh airson dòigh-obrach aithneachadh a fhreagras feumalachdan na diofar raointean agus buidhnean agus a bheir neo-eisimileachd cruthachail dhaibh. Bidh beachdachadh cuideachd ann air mar a dh'fhaodar modaileadh loidsig a chleachdadh airson sealltainn iomadh buil eadar-mheadhanach a bhios fon lèirsinn ro-innleachdail agus miannan-adhartais, a chuireas fòcas air atharrachadh san fhad-ùine seach buaidh a bhith ann sa mhionaid. Measaidh a' bhuidheann an dàta a tha ri fhaotainn an-dràsta, agus thèid beachdachadh a bheil feum air dàta ùr agus mar a thèid a chruinneachadh. Feumar beachdachadh air aon raon gu h-àraid – gu bheil feum air dàta càileachd san fhad-ùine.

Bidh an obair a' dol ris a' bhuil nàiseanta ùr airson cultar, agus bidh na taisbeanairan air am Frèam Coileanaidh Nàiseanta ùraichte. Bidh an obair air a dhèanamh le bhith a' co-obrachadh le com-pàirtichean cudromach bho air feadh na raoin, agus bheir e a-steach fianais bho iomadh dhiofar thùs.

#### **Measaidhean Buaidh**

Chaidh an ro-innleachd seo a sgrùdadh ro-làimh, leis an co-dhùnadh nach bi mòran buaidh air an àrainneachd agus chaidh am fiosrachadh seo a chuir a-steach dha na h-Ùghdarrasan Co-chomhairleachaidh mar phàirt den phròiseas reachdail airson Measadh Ro-innleachdail na h-Àrainneachd.

Chaidh earrainn de mheasaidhean cuideachd a dhèanamh a thaobh buaidhean a dh'fhaodadh a bhith aig an ro-innleachd air co-ionannachd, còraichean agus

sochairean chloinne, gnothachas (a' gabhail a-steach an treas raon) agus riaghladh. Tha an co-chomhairleachadh seo a' sireadh beachdan air na h-earrainn de mheasaidhean seo agus a bheil iad air aithneachadh na raointean air fad far a dh'fhaodadh buaidh a bhith ann, agus a' sireadh beachdan air atharrachaidhean neo rud sam bith a dh'fhaodadh a chuir ri na measaidhean deireannach.

**'S e an rud as cudromaiche ionnsachadh bho na tha ag obrachadh airson an ro-innleachd a bhuileachadh agus nach bi am measadh air buaidh air a lùghdachadh gu targaidean agus taisbeanairean sìmplidh a-mhàin.**

## 5. Na h-ath cheumnan

Bidh an co-chomhairle aig Riaghaltas na h-Alba fosgailte bho Diciadain 27 Ògmhios gu Diciadain 19 Sultain 2018. Faodaidh sibh ur beachdan a chuir thugainn ann an diofar dhòighean:

- Lìonaibh an ceisteachan air ar làrach-lìn [Citizen Space](#) (ann am Beurla) neo air Foirm Fiosrachaidh Neach-freagairt Gàidhlig agus ceisteachan a tha ri fhaighinn an seo. Faodaidh sibh ur beachdan a chuir thugainn mar neach fa-leth neo mar phàirt de bhuidheann nas motha.
- Cuiribh tachartas neo coinneamh air dòigh airson beachdachadh air an ro-innleachd le ur buill neo lìonraidhean. Ma tha sibh airson tachartas a chuir air dòigh, cuiribh post-d gu [culturestrategy@gov.scot](mailto:culturestrategy@gov.scot) airson barrachd fiosrachaidh air maoineachadh a tha ri fhaighinn airson seo.
- Faodaidh sibh cuideachd bruidhinn mun tachartas agus ur beachdan air an ro-innleachd air Twitter aig [@culturescotgov](#) agus a' cleachdadh an taga-hais [#culturescot](#).

Tha sinn airson gun ruig sinn an àireamh as motha de dhaoine as urrainn dhuinn tron cho-chomhairleachadh poblach seo airson gum bi an ro-innleachd deireannach a' freagradh guthan a h-uile duine le ùidh ann an cultar ann an Alba san àm ri teachd. Tha cultar mu dheidhinn a h-uile duine ann an Alba, agus tha sinn airson gun cuir sibh fiosrachadh mu dheidhinn an co-chomhairleachadh do dhuine sam bith eile ma tha sibh a' smaointinn gum biodh ùidh aca.

Nuair a dhùineas an co-chomhairleachadh, thèid sgrùdadh a dhèanamh air a h-uile freagairt le luchd-analais neo-eisimileach agus thèid aithisg fhoillseachadh le geàrrchunntas den cho-chomhairleachaidh stèidhichte air na ceistean a chaidh fhaighneachd. Thèid a h-uile freagairt fhoillseachadh air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba, le na h-ainmean air an toirt às far a bheil seo iomchaidh. Bidh buaidh aig ur freagaritean air leasachadh an ro-innleachd deireannach.

## DEIREADH



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
gov.scot

© Crown copyright 2018

**OGL**

This publication is licensed under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated. To view this licence, visit [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) or write to the Information Policy Team, The National Archives, Kew, London TW9 4DU, or email: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

This publication is available at [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Any enquiries regarding this publication should be sent to us at  
The Scottish Government  
St Andrew's House  
Edinburgh  
EH1 3DG

ISBN: 978-1-78781-108-9 (web only)

Published by The Scottish Government, July 2018

Produced for The Scottish Government by APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA  
PPDAS446886 (07/18)

W W W . G O V . S C O T